

Oifigear Leasachaidh Comann nam Pàrant

(Tuarastal **£19,200- £21,734**)

Tha Comann nam Pàrant a’ sireadh Oifigear Taice. ‘S e dreuchd nàiseanta a tha seo, a tha sinn an dùil a bhios stèidhichte ann an Glaschu. Thathas a’ lorg neach-obrach a tha fileanta sa Ghàidhlig, eòlach air a bhith ag obair aig ìre coimhearsnachd, agus le eòlas air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Bidh làn chead draibhidh a dhìth sna sgìrean far am biodh sin riatanach.

Ann an com-pàirteachas le buidhnean ionadail Comann nam Pàrant, pàrantan agus luchd-obrach thràth bhliadhnaichean Bòrd na Gàidhlig bidh na h-oifigear seo a’ libhrigeadh, a’ cur air dòigh agus a’ co-òrdanachadh phròiseactan a chruthaicheas cothroman do theaghlaichean Gàidhlig a chleachdadh agus fiosrachadh fhaighinn mu foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

Sa chiad dol a-mach, ‘s e cùmhnant stèidhte airson bliadhna a bhios an seo ach, thathas dòchasach gum faighear an t-ionmhas a leigeas leinn an obair a shìneadh a-mach. Gheibhear Tuairisgeul Obrach agus tuilleadh fiosrachaidh, bho: Magaidh Wentworth, Oifigear Phàrant, Comann nam Pàrant, 5 Caolràid Mhìcheil, Inbhir Nis, fòn 01463-234138, post-d magaidh@cnag.org

Feumaidh iarrtasan a bhith againn ro 5f, Diluain 11 Cèitean.

Tha an dreuchd seo air a mhaoineachadh le Bòrd na Gàidhlig.